

Bìoball airson na Cloinne  
A'cur fan comhair

Ìosa a' taghadh dusan  
luchd-cuideachaidh



Sgrìobhte le: Edward Hughes

Dealbhan le: Byron Unger; Lazarus  
Alastair Paterson

Eadar-theangaichte le: E. Frischbutter; Sarah S.

Air eadar-theangachadh le:  
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill

Dèanta le: Bible for Children  
[www.M1914.org](http://www.M1914.org)

©2020 Bible for Children, Inc.

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,  
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.



Rinn Ìosa rudan mìorbhaileach. Shlànaich e tinneasan, thug e sìth do dhaoine a bha a' faireachdainn troimh-a-chèile agus dh'innis e Facal Dhè.



Thàinig sluagh mòr gu Ìosa airson cuideachadh is slànachadh. Cho-dhùin E dusan dhaoine a thaghadh bho A luchd-leanmhainn, gus A chuideachadh Na obair do Dhia.



Ma tha roghainn  
chudromach agad ri  
dhèanamh am bi thu ag  
ùrnaigh do Dhia? Sin a  
rinn Ìosa. Ann an àite  
sàmhach sna beanntan  
bhruidhinn E ri Athair  
ann an Nèamh. Rinn  
Ìosa ùrnaigh gus an  
deach a' ghrian fodha.






Rinn Ìosa  
ùrnaigh fad  
dorchadas na  
h-oidhche.




Sa mhadainn, chruinnich Ìosa a luchd-leanmhainn -  
na caraidean uile a bha ga chuideachadh agus ga  
leantainn. Bhuapa thagh e dusan a bhiodh  
nam prìomh luchd-cuideachaidh, no  
abstolan, Dha.



B' e bràithrean a bh' anns a' chiad dithis a thagh e,  
Simon Peadar agus Anndras. Bha aca rin obair mar  
iasgairan fhàgail nuair a dh'iarr Ìosa orra A  
leantainn.



Dh'fhàg Seumas agus  
Eòin, mic Shebede, obair  
na h-iasgachd cuideachd.




Thagh Ìosa cuideachd Philip, Bartolemèus, Mata,  
Tòmas, Simon an Canàanach, Seumas mac Alphaeus,  
Iùdas bràthair Sheumais agus  
Iùdas Iscariot, a bhiodh na  
nàmhaid do Ìosa an  
ceann greis.



Theagaisg Ìosa dhaibh gu robh dèanamh na bha  
Esan ag ràdh coltach ri taigh a thogail air bunait  
làidir. Cha b' urrainn do ghèile làidir an  
taigh sin a leagail.



Ach bha dol an aghaidh Facal Ìosa coltach ri taigh a thogail air bunait gainmhich. Nuair a thigeadh stoirm, thuiteadh an taigh.



Bha cuid de na rudan a dh'iarr Ìosa duilich a dhèanamh. "Ma bhuaileas duine do ghruaidh dheas, tionndaidh thuige do ghruaidh chli cuideachd," thuirt E. "Bu chòir gràdh a bhith agaibh do bhur nàimhdean." Feumaidh daoine cuideachadh bho Dhia gus a bhith beò mar Ìosa.



Thuir Ìosa cuideachd ri daoine a bhith ag ùrnaigh gu prìobhaideach - seach a bhith ga shealltainn don h-uile duine mar a bha cuid de cheannardan creideimh a' dèanamh.



Thuir Ìosa gun toireadh  
Dia biadh is aodach do  
na daoine a chuireadh  
earbsa Ann. Bidh Dia a' toirt  
biadh do eòin is dathan àlainn  
do fhlùraichean, agus faodaidh A  
dhaoine earbsa a chur Ann airson a h-uile  
càil a dh'fheumas iad.



Theagaisg Ìosa  
mòran rudan ùra do a  
luchd-cuideachaidh ùr  
an latha ud. Nuair a bha  
e deiseil, thàinig lobhar  
thuige ag iarraidh air  
Ìosa a chuideachadh.



Fhreagair Ìosa an lobhar ag ràdh, "Nì mi sin. Bi glan." Fhad 's a bha an luchd-cuideachaidh a' coimhead, chaidh an lobhar a shlànachadh. Bha e slàn fallainn! Cha b' urrainn do dhuine ach Mac Dhè sin a dhèanamh. Thuig an luchd-cuideachaidh gu robh Maighstir mìorbhaileach aca.



Ìosa a' taghadh dusan luchd-cuideachaidh

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,  
Am Bìoball, ri

Mata 4-7, Marcus 1, Lùcas 6

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:  
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."  
Salm 119:130



A' Chrìoch



Tha sgeul a' Bhìobaill ag innse dhuinn mu ar Dia mhìorbhaileach a chruthaich sinn agus a tha ag iarraidh gum bi thu eòlach Air.

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh, ach tha gaol cho mòr aig Dia ort gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, agus a dh'fhulang airson nam peacaidhean agadsa. An uair sin thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E dhachaigh a Nèamh! Ma bhios tu a' creidsinn ann an Ìosa agus ag iarraidh Air do pheacaidhean a mhathadh, nì E sin! Thig E a thàmh annad an-dràsta, agus bidh tu beò còmhla Ris gu bràth.

Ma tha thu a' creidsinn gur e seo an fhìrinn, can seo ri Dia: Ìosa chaoimh, tha mi a' creidsinn gur Tusa Dia agus gun tàinig thu don talamh a bhàsachadh air mo sgàth, agus gu bheil Thu beò a-rithist. Thig nam bheatha agus maith dhomh mo pheacaidhean agus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus aon latha gun tèid mi a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith gad leantainn agus a bhith beò air Do sgàth mar Do leanabh. Amen.

Leugh am Bìoball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha! Eòin 3:16

